

An Obair-chùrsa agad

AM FIOSRACHADH A DH'FHEUMAS A BHITH AGAD,
NA DH'FHEUMAS TU A DHÈANAMH,
AGUS NA THACHRAS AN UAIR SIN.

Stiùireadh

Dìreach mar a thachras ann an deuchainn, bheir an Obair-chùrsa agad cothrom dhut - an t-eòlas agus an tuigse a th' agad air cuspair a shealltainn. A rèir nàdar a' Chùrsa a tha thu a' dèanamh, dh'fhaodadh gur e pròiseact a bhios an seo, no pasgan-obrach, aiste, no 's dòcha grunn aistidhean. Ge bith dè bhios ann, bidh an comharradh a gheibh thu air a shon ga chunntadh sa chomharradh dheireannach.

Faodaidh tu grunn stòrasan-fiosrachaidh a chleachdadh mar taic don Obair-chùrsa agad, m.e. leabhraichean cùrsa, leabhraichean mòr-eòlais, agus irisean agus fiù an T.Bh, an rèidio agus an t-eadar-lìon. Is e dòigh ionnsachaidh mhath a th' ann a bhith a' cleachdadh stuth bho stòrasan-fiosrachaidh den leithid seo mar bhunait airson na h-obrach agad. Ach, chan fhaod thu obair dhaoine eile a thogail agus leigeil ort gur e an obair agad fhèin a th' ann. Feumaidh tu innse gu soilleir dè an obair a rinn thusa agus dè an teagsa a thàinig à àite eile.

Seo stiùireadh cudromach a dh'fheumas tu leantainn nuair a nì thu an Obair-chùrsa agad.

1. Cùm ri cinn-latha airson obair a chur a-steach

Dèan cinnteach gun cùm thu ri na cinn-latha a shònraicheas an tidsear no òraidiche agad airson dreachdan agus obair dheireannach a chur a-steach. Tha na tidsearan is òraidichean ann airson do chuideachadh agus comhairle a thoirt dhut. Ma sheallas tu an obair agad dhaibh fhad 's a tha thu ga dhèanamh bidh tìde agad fhèin agus acasan dèiligeadh ri duilgheadasan nuair a nochdas iad.

Ma tha e duilich dhut cumail ri cinn-latha bruidhinn ris an tidsear no òraidiche agad – is dòcha gu bheil rudeigin a ghabhas dèanadh gus do chuideachadh.

2. Innis mu stòras-fiosrachaidh sam bith a chleachd thu

Ma chleachdas tu stuth san obair agad bho stòrasan leithid leabhraichean, pàipearan-naidheachd no bhon eadar-lìn feumaidh tu dèanamh soilleir gur e sin a rinn thu le bhith a' taisbeanadh stòrasan-fiosrachaidh san dòigh cheart. Innsidh an tidsear no òraidiche agad ciamar a nì thu seo.

Bu chòir dhut:

- cromagan-còmhradh a chleachdadh timcheall air teagsa sam bith a thogas tu bho stòrasan agus innse cò às a thàinig e
- innis gu soilleir an stòras às an tàinig diagram no dealbh sam bith
- leabhar-chlàr a chur aig deireadh na h-obrach agad, ma tha sin iomchaidh

3. Na leig ort gur e an obair agadsa a th' ann an obair dhaoine eile

Nuair a chanas tu gur e an obair agad fhèin a th' ann an obair dhaoine eile is e nàdar de chealgairreachd a th' ann air a bheil mèirle-sgrìobhaidh (no 'plagiarism'). Tha seo a' ciallachadh a bhith a' leigeil ort gur e an obair agadsa a th' ann am faclan no smuaintean cuideigin eile. Tha seo a' gabhail a-steach nuair nach innis thu cò às a thàinig fiosrachadh a chleachd thu anns an obair agad.

Chan fhaod thu a ràdh gur e an obair agad fhèin a th' ann ma chaidh:

- an obair a dheasachadh gu lèir no ann am pàirt le cuideigin eile
- an obair a dheasachadh le tagraiche eile, no piuthar no bràthair nas sine, no caraid, a chuir Obair-chùrsa den leithid a-steach roimhe
- an obair a dhèanamh mar eisimpleir obrach le tidsear no òraidiche
- an obair a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn no stòr aistidhean

4. Na obraich còmhla ri daoine eile agus na roinn obair leotha – mura h-eil thu a' dèanamh obair-bhuidhne

Ma dh'obraicheas tu còmhla ri tagraichean eile air gnìomhan a bu chòir dhut a dhèanamh leat fhèin, no ma roinneas tu obair leotha (a' gabhail a-steach obair ann an riochd didseatach) is e seòrsa de chealgairachd a th' ann air a bheil cealg-chòrdadh (no 'collusion'). Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cuideachadh tagraiche eile no a' toirt dhaibh stuthan air iasad.

Mar eisimpleir, ma rinn thu an obair air coimpiutair, chan fhaod thu leigeil le daoine eile an obair fhaicinn le bhith a' toirt an fhacail-fhaire dhaibh no leigeil leotha faighinn a-steach do na faidhlichean agad. Ma tha duilgheadas aig sgoilear eile le bhith a' cur crìoch air an Obair-chùrsa agus ma dh'iarras iad ort an cuideachadh, iarr orra bruidhinn ri tidsear no òraidiche. Ma thèid a dhearbhadh gun tug thu iasad den obair agad do thagraiche eile agus gun do chleachd iad an obair sin nuair a dheasaich iad an Obair-chùrsa a chuir iad fhèin a-steach, bidh an dithis agaibh air riaghailtean an stiùiridh seo a bhriseadh.

Anns an aon dòigh, cha bu chòir dhutsa iasad iarraidh air obair no stuth tagraiche eile, no iarraidh orra na faidhlichean coimpiutair aca a shealltainn dhut. Ma tha duilgheadas agad le bhith a' cur crìoch air an Obair-chùrsa, bruidhinn ri tidsear no òraidiche.

5. Na cleachd cainnt no ìomhaighean san obair agad a tha mì-mhodhail, oilbheumach, faoin no a tha a' dèanamh leth-bhreith

Feumaidh a h-uile tagraiche urram a thoirt do dhaoine eile, a' gabhail a-steach tidsearan, òraidichean agus an SQA. Tha e cudromach cuideachd nach tèid tìde luchd-comharraidh a chall a' beachdachadh air obair a tha mì-fhreagarrach. Cha ghabhar idir ri stuth den leithid ach far an tèid dearbhadh gum buin e don Obair-chùrsa (m.e. ann an cuspairean leithid Ealain, Dràma agus Beurla).

6. Dèan sgrùdadh cùramach air an obair mus cuir thu a-steach e airson comharradh

Dèan cinnteach gu bheil thu air an Obair-chùrsa a sgrùdadh gu cùramach gus a bhith cinnteach gur e an obair agad fhèin air fad a th' ann agus gun do thaisbean thu stòras-fiosrachaidh sam bith anns an dòigh cheart. Feuch gun toir thu sùil gheur air obair a rinn thu ann am bliadhnaichean a chaidh seachad gus a bhith cinnteach gur e an obair agad fhèin a th' ann.

Thoir an aire cuideachd nach eil dad agad ann a tha faoin no oilbheumach agus gu bheil do chleachdadh cànan a rèir stiùireadh 5 gu h-àirde.

Na cuir obair sam bith do làrach-lìn airson foillseachadh mus cuir thu a-steach don SQA e airson comharradh.

Ciamar a dh'aithnichear mèirle-sgrìobhaidh, cealg-chòrdadh agus stuth faoin no oilbheumach?

- Nuair a tha tidsearan is òraidichean a' coimhead ri dreachdan obrach chì iad atharrachadh anns an stoidhle sgrìobhaidh agus cleachdadh cànan.
- Bidh an luchd-comharraidh air mòran den obair a rinneadh air a' chuspair a leughadh mar-thà agus bidh iad eòlach air mòran den bhun-fhiosrachadh.
- Cuiridh luchd-comharraidh pìosan a tha iad a' saòilsinn faoin no oilbheumach don SQA.
- Bidh an SQA a' cleachdadh bathar-bog airson abairtean no pìosan teagsa a thàinig bho stòrasan-fiosrachaidh aithneachadh ann an obair.

Thèid rannsachadh a dhèanamh anns a h-uile cùis far a bheil amharas gun do rinneadh mèirle-sgrìobhaidh, cealg-chòrdadh no gun deach stuth oilbheumach no faoin a chleachdadh.

Ma chaidh riaghailtean an stiùiridh a bhriseadh, thèid peanas a thoirt seachad.

Dè na peanasan a bhios an SQA a' toirt seachad?

Ma tha rannsachadh a' sealltainn gun deach riaghailtean a bhriseadh, bidh an SQA a' toirt seachad peanas. Bidh ìre a' pheanas a rèir cho dona 's a tha a' choire. Co-dhùnaidh an SQA dè am peanas a tha freagarrach, air a thaghadh bhon liosta seo:

- Dubhadh a-mach a h-uile tagradh airson a h-uile cuspair a rinn thu sa bhliadhna sin
- Dubhadh a-mach an tagradh agad sa chuspair sa chùis
- Comharradh nas lugha no neoni a thoirt seachad airson a' phìos obrach sin
- Rabhadh

Ma thèid peanas a thoirt seachad, is dòcha nach fhaod an sgoil no colaiste agad Ath-thagradh Measaidh a dhèanamh às do leth. Tha seo a' ciallachadh nach beachdaich an SQA air fianais sam bith eile mura faigh thu an duais a shaoil an t-ionad agad a gheibheadh tu.

Dearbhadh

Iarraidh an sgoil no colaiste agad d' ainm a chur ri dearbhadh mus cuir thu Obair-chùrsa sam bith a-steach chun SQA airson comharradh. Tha e glè chudromach gu bheil thu a' tuigsinn a h-uile càil anns an dearbhadh seo. Ma tha dad ann nach eil soilleir dhut iarr air an tidsear/òraidiche agad a mhìneachadh dhut.

Seo briathran an dearbhaidh.

Tha mi a' dearbhadh:

- gu bheil mi air leabhran an SQA "An Obair-chùrsa Agad" a leughadh agus gu bheil mi ga thuigsinn
- gu bheil mi a' tuigsinn gu faod an SQA peanas a chur air tagraichean nach bi a' leantainn an stiùiridh anns an leabhran "An Obair-chùrsa Agad"

- gur e an obair agam fhìn air fad a th' anns an Obair-chùrsa a tha an lùib an dearbhaidh seo, agus gu bheil a h-uile stòras-fiosrachaidh air a thaisbeanadh gu soilleir
- gu bheil mi a' tuigsinn gun tèid an Obair-chùrsa seo a chur a-steach don SQA airson comharradh

Cuimhnich:

Feumaidh tu a bhith cinnteach gu bheil thu a' tuigsinn an dearbhaidh seo mus cuir thu d' ainm ris – iarr cuideachadh bhon tidsear no òraidiche agad mura h-eil thu ga thuigsinn.

Feumaidh tu d' ainm sgrìobhte a chur ris an dearbhadh mus tèid an Obair-chùrsa agad a-steach don SQA airson comharradh.

Stiùireadh airson Obair-chùrsa a chur don SQA airson comharradh

Ma tha thu ag ionnsachadh airson barantas thar grunn bhliadhnaichean tha e glè choltach gun tòisich thu a' cruthachadh Obair-chùrsa cho luath 's a thòisicheas tu air a' Chùrsa. Air an adhbhar sin, tha e air leth cudromach gu leugh thu an leabhran seo gu cùramach, fiù mura h-eil thu a' cur obair a-steach airson comharradh am-bliadhna.

Tha fiosrachadh anns an leabhran seo a dh'fheumas a bhith agad mus dèan thu Obair-chùrsa sam bith. Iarr cuideachadh bhon tidsear no òraidiche agad mura h-eil thu a' tuigsinn an fhiosrachaidh a th' anns an leabhran seo no ma tha thu ag iarraidh barrachd stiùiridh.

Anns an dealachadh...

Cuimhnich nach eil duine airson gu fàillig thu; chan eil do charaidean, do theaghlach, no an SQA ag iarraidh gun tachair sin, agus gu dearbh chan eil na tidsearan no òraidichean agad ga iarraidh. Faodaidh tu bruidhinn ri daoine eile mun obair agad, mun eòlas a fhuair iad fhèin agus faodaidh tu comhairle iarraidh, ach na dìochuimhnich gur e an obair agad fhèin a-mhàin a dh'fheumas tu cur a-steach. Ma tha mì-chinnt sam bith ort mun obair agad, iarr comhairle bho do thidsearan no òraidichean. Tha iad ann airson do chuideachadh.